



**beatha le
buaidh**





**beatha le
buaidh**

GRACE, BANNA-PHIONNSA MEONACO



Air fhoillseachadh ann an 2007 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnachsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2007.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © ?.

Na dealbhan le ?.

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochedachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 978-1-904730-71-2



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

An teacs le Gillebride MacMilemhaoil.

GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO

Grace, Bana-phrionnsa Mhonaco

Bha Grace, Bana-phrionnsa Mhonaco air tè dhe na boireannaich a b' ainmeile san 20mh linn. Ged a bha i na bana-phrionnsa air Monaco, b' e bana-chleasaiche chliùiteach a bha innte cuideachd agus fhuair i duais Oscar ann an 1955. Bha mòran ag iarraidh a bhith coltach rithe oir bha iad dhen bheachd gum b' i tè dhe na boireannaich a bu bhrèagha air an t-saoghal. An dèidh dhi gluasad gu Monaco airson am Prionnsa Rainier a phòsadh, leig i seachad a bhith na bana-chleasaiche agus bha i na bana-phrionnsa air Monaco.

Caoineadh tan

GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO



5

4

GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO




Com oideachas

GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO

Fada bho Mhonaco

B' ann gu math fada air falbh bho Mhonaco a thàinig Grace Patricia Kelly an toiseach gu aire an t-sluaigh. Rugadh i ann am Philadelphia anns Na Stàitean Aonaichte agus nuair a bha i òg bha i a-riamh ag iarraidh a bhith na bana-chleasaiche. Bha a teaghlaich gu math beairteach agus bha a h-athair an sàs ann am poileataigs Philadelphia. Cha robh a h-athair agus a màthair idir ag iarraidh gum faigheadh i obair na bana-chleasaiche ach an dèidh dhi an sgoil fhàgail fhuair i obair na modail agus nuair a bha i 22 bliadhna a dh'aois rinn i a' chiad film aice.



GRACE, BÀNA-PHRIONNSA MHONACO

Slighe gu Hollywood

Bha Grace Kelly air an dreuchd a bha i a-riamh ag iarraidh fhaighinn. Bha i ag obair na bana-chleasaiche ann an Hollywood agus bha na filmichean a bha i air a dhèanamh air a bhith uabhasach soirbheachail. Bha i air a bhith ag obair air feadh an t-saoghal agus bha i a' faighinn barrachd urraim bho na daoine a bha ag obair ann an Hollywood. Ann an 1955, fhuair i duais Oscar airson na bana-chleasaiche a b' fheàrr airson an fhilm 'The Country Girl'. Ged a bha i air àirde a dreuchd a ruighinn agus air urram Oscar fhaighinn, b' e sin fear dhe na filmichean mu dheireadh a rinn i bhon a bha pàirt eile dhe a beatha – fada air falbh bho Hollywood – a' dol a thòiseachadh.


Cean òrain den tarrach

GRACE, BÀNA-PHRIONNSA MHONACO



GRACE,


BANAN-PH RIONNSA M MONACO



Can order here

© JP Laffont/Sygma/CORBIS

GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO



Cannan Luu

GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO

Bana-phrionnsa Grace

B' ann bliadhna an dèidh dhi an duais Oscar a bhuanachadh a phòs Grace fear dhe na daoine a bu bheairtiche anns an Roinn Eòrpa. B' ann anns a' Chèitean 1955 a choinnich an dithis ri chèile an toiseach aig Fèis Film Cannes ann an ceann a deas na Frainge. Sia mìosan an dèidh sin, bha iad air gealladh-pòsaidh a thoirt dha chèile agus phòs iad ann am Monaco anns a' Giblean 1956. A rèir aithrisean, bha 30 millean neach a' coimhead a' phòsaidh air an telebhisean.

12

13

GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO

Beatha ùr ann am Monaco

Bha a' Bhana-phrionnsa Grace an dòchas gum b' urrainn dhi cumail oirre ag obair na bana-chleasaiche ann an Hollywood, ach cha robh an duine aice airson sin. Ghabh i ris an sin ged nach robh i uabhasach toilichte. Bha triùir chloinne aice fhèin agus Rainier, Caroline, Albert agus Steafanaidh, agus bha i air leth toilichte am measg a teaghlaich fhèin. Bha i gu mòr an sàs ann an obair carthannais ann am Monaco agus bha i a' dèanamh tòrr obrach gus cuideachadh a thoirt do dhaoine ann am Monaco agus air feadh an t-saoghail.

Com eadar leum aon

GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO

15

14



GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO




Com oisean tu

GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO

Tubaist rathaid

Air an 14mh latha dhen t-Sultain 1982 bha Grace a' dràibheadh ann am Monaco. Thathar an dùil gun do ghabh Grace stròc air cùl na cuibhle 's gun deach an càr far an rathaid a' tuiteam 30 meatair air taobh na beinne. Chuir an càr iomadach car agus chaighdhean Grace a ghoirteachadh gu dona. Aig leth-uair an dèidh deich a dh'oidhche, chaighdhean innse gun do chaochail Grace. Chaighdhean naidheachd mun cuairt an t-saoghal gun robh tè dhe na boireannaich a bu leòmaiche agus bu bhrèagha air an t-saoghal air bàsachadh.



GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO

A Dileab

Tha cuimhne air Grace Kelly, Bana-phrionnsa Mhonaco fhathast mar bhana-chleasaiche air leth, airson a bhith na modail agus airson a cuid-obrach còmhla ri buidhnean carthannais ann am Monaco. Tha fhios nach creideadh Grace fhèin gum biodh an nighean òg à Philadelphia a bha ag iarraidh a bhith na cleasaiche, an aghaidh toil a pàrantan, air a bhith na bana-phrionnsa anns an Roinn Eòropa. Cuideachd, gun robh i air a meas mar thè dhe na boireannaich a bu chumhachdaiche anns an 20mh linn.

Caoineadh Tom Cullen

GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO



18

18

GRACE, BANA-PHRIONNSA MHONACO

Cò i?

Latha Breith

12/11/1929



Cò às a bha i?

Philadelphia, Na Stàitean
Aonaichte

Dè an obair a bha aice?

Bana-chleasaiche

Cò a phòs i?

Am Prionnsa Rainier, Monaco

Cò ris a bha i coltach?

Bàn, brèagha, leòmach

Obair eile

Obair carthannais

Bàs

Tubaist rathaid ann am Monaco.

Aois nuair a chaochail i.

52